

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
Press Release



**\*Please scroll down for English Version\***

## BÒRD NA GÀIDHLIG A' DEARBHADH PRÌOMH ÀRD-DHREUCHD

23 An t-Samhain 2009

Tha Bòrd na Gàidhlig, a' phrìomh bhuidheann poblach le uallach airson adhartachadh agus leasachadh na Gàidhlig, air Daibhidh Boag fhasdadh mar Leasaiche Cànain Gàidhlig. Bidh Mgr Boag, a tha an-dràsta ann an dreuchd Manaidsear Leasachaidh agus Iar-Cheannard aig Fèisean nan Gàidheal, a' tòiseachadh san dreuchd ùr aig toiseach na Bliadhna Ùir.

Chaidh Mgr Boag a thaghadh bho gheàrr-liosta de cheathrar thagraichean. Bha am pannal taghaidh air a stiùireadh sa chathair le Iain Aonghas MacAoidh, a tha na bhall den Bhòrd. Thuirt e: "Tha fastadh Dhaibhidh Boag a' comharrachadh prìomh ìre anns a' phròiseas a tha am Bòrd a' gabhail os làimh a thaobh structar ùr. Tha e a' tighinn a-steach dhan bhuidheann le cliù obrach a tha air a dhearbhadh ann an aon de na roinnean as dùbhланаich ann an leasachadh na Gàidhlig, ag obair le daoine òga. Le bhith na neach-ionnsachaidh fileanta sa chànan e fhèin, agus na phàrant le dhithis chloinne òga, tha eòlas practaigeach aige air na tha a dhìth an lùib a bhith a' faotainn seasmhachd don Ghàidhlig san fhad-ama ri teachd. Tha ar prìomh amas mar Bhòrd san àm ri teachd air cruthachadh ginealach ùr de luchd-labhairt na Gàidhlig. 'S ann air an dachaigh, luchd-ionnsachaidh agus a' choimhearsnachd a bhios sinn dha-rìribh a' cuimseachadh agus tha Daibhidh air a bhith ag obair san roinn sin airson iomadach bliadhna a-nis. Ghabh am pannal taghaidh deagh bheachd air a chuid phlanaichean airson na h-ama ri teachd agus tha an dreuchd aige gar toirt dà thrian den t-slighe a dh'ionnsaigh sgioba de thrì àrd dhreuchdan, a' toirt dhuinn na Stiùirichean a bhios a' buileachadh Plana Gnìomh a' Mhinisteir bho thoiseach na Bliadhna, agus mar sin a' luathachadh ar n-oidhirp air Plana Nàiseanta na Gàidhlig a liubhairt."

Tha Daibhidh Boag (37), a' fuireach ann an Inbhir Nis far a bheil a dhithis mhac a' frithealadh Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis. Tha e a' seinn ann an Còisir Ghàidhlig Inbhir Nis agus tha e a' cluiche na fìdhle sa chòmhlán Meantime. Tha ceum MSc aige ann am Planadh Ghoireasan Roinneil agus Dùthchail a thuilleadh air MA bho Oilthigh Obar Dheathain. Bha e a' frithealadh Àrd-sgoil Phort Rìgh bho 1984-1990.

Thuirt e: "Tha mi air leth toilichte gu bheil mi a' gabhail a' phrìomh cheum seo air adhart nam dhreuchd ann an leasachadh na Gàidhlig, an dèidh fìor thlachd fhaotainn às an àm a bh' agam aig Fèisean nan Gàidheal thar nan 12 bliadhna a chaidh seachad. Tha mi air a bhith an sàs ann an raon fharsaing de bhuidhnean Gàidhlig thar nam bliadhnaichean sin agus tha mi

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



air eòlas farsaing fhaotainn agus tuigse de na dùbhlain a tha mu choinneamh gach buidheann. Ach 's e an nì as cudromaiche gu bheil e soilleir nam inntinn far a bheil na prìomh dhùbhlain sin a-nis. Bidh mi a' cuimseachadh liubhairt Plana Nàiseanta na Gàidhlig air an taic a dh'fhaodas sinn a thoirt do phàrantan san dachaigh gus a thighinn gu na co-dhùnaidhean as fheàrr a th' ann mu fhoghlam an cuid chloinne, agus cuideachd mar as fheàrr a chuireas sinn taic èifeachdach ri oidhirpean nan daoine sin a tha ag ionnsachadh Gàidhlig aig an àm seo. Tha gu leòr eile ann cuideachd aig a bheil ìre air choreigin de Ghàidhlig a thuilleadh orrasan a bhios a' tòiseachadh aig an toiseach. Ged nach bi comas aig gach neach fileantachd a ruighinn, bidh barrachd dhaoine a tha an lùib nam buannachdan co-cheangailte ri dà-chànanas, a' cur ri seasmhachd agus leasachadh aon de na rudan as prìseil a th'againn ann an Alba."

Chaidh Mgr Boag a thaghadh airson na dreuchd le pannal de dhithis bhall den Bhòrd, Iain Aonghas MacAoidh, a bha sa Chathair agus Anna NicSuain, còmhla ri Jo NicDhòmhnaill agus Ùisdean MacIllinnein, buill de Sgioba Stiùiridh Eadar-amail a' Bhùird (ISST). Tha am pròiseas taghaidh airson an tritheamh Leasaiche, Seirbheisean Corporra, a' dol air adhart. Thathar an dùil gum bi am Bòrd a' sanasachadh airson Ceannard aig àm na Bliadhna Ùire.

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



## BÒRD NA GÀIDHLIG CONFIRMS KEY SENIOR APPOINTMENT

**23 November 2009**

Bòrd na Gàidhlig, the principal public body promoting and developing Gaelic, has appointed David Boag as Head of Gaelic Usage (Leasaiche Cànan Gàidhlig) Mr Boag, who is currently Development Manager and Deputy Chief Executive of Fèisean nan Gàidheal, takes up the post at the beginning of the New Year.

Mr Boag was selected from a short-list of four candidates. The selection panel was chaired by Bòrd member John Angus MacKay. He said: “David Boag’s appointment marks a key stage in the restructuring process being undertaken at the Bòrd. He comes to the organisation with a proven track record of work in one of the most demanding sectors in Gaelic development, working with young people. Being a fluent learner of the language himself, and parent of two young children, he has practical experience of what is involved in the long-term future of the sustainability of Gaelic. Our key focus as a Bòrd for the foreseeable future is in the creation of a new generation of Gaelic speakers. The home, learners and the community are our key targets and David has been working in that area for many years now. The selection panel was very impressed with his plans for the future and his appointment takes us two-thirds of the way towards completing our team of three senior appointments, giving us the Directors who will be implementing the Ministerial Action Plan from the start of the Year, accelerating our efforts to deliver the National Plan for Gaelic.”

David Boag (37), lives in Inverness where his two sons attend Bunsgoil Ghàidhlig Inbhir Nis. He is a Gaelic singer with Inverness Gaelic Choir and plays the fiddle with the band Meantime. He has an MSc degree in Rural and Regional Resources Planning as well as an MA from Aberdeen University. He attended Portree High School from 1984-1990.

He said: “I am delighted that I am taking this major step forward in my Gaelic development career having enjoyed my time at Fèisean nan Gàidheal immensely over the last 12 years. I have been involved with a wide range of Gaelic organisations over these years and have built up considerable experience and an understanding of the challenges all the groups face. Most important of all, however, I am clear in my mind where the key challenges now are. I will be focussing the delivery of the National Plan for Gaelic on the support we can give parents in the home to come to the best possible decisions about their children’s education and also how we can most effectively support the efforts of the many people who are currently learning Gaelic. There are also many more who have some level of Gaelic as well

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



as those who will start from scratch. Whilst not everyone will be able to reach fluency, more people sharing in the benefits of bilingualism will contribute to the sustainability and development of one of Scotland's greatest assets."

Mr Boag was selected for appointment by a panel of two Board members, John Angus MacKay, who was in the Chair and Annie MacSween, along with Jo MacDonald and Hugh Dan MacLennan, members of the Bòrd's Interim Support Management Team (ISST). The selection process for the third Leasaiche/Director, Corporate Services, is ongoing. It is anticipated that the Bòrd will be advertising for Chief Executive at the New Year.